

## Duilleag Fiosrachaidh 6

# SGRÙDADH EARBSA A' PHOBAILL – COVID-19

## Ciamar a làimhsich sinn ar sgrùdadh earbsa a' phobaill?

Sa Ghiblean 2020, dh'fhastaich an t-Ùghdarras Mark Diffley Consultancy Ltd. gus sreath sgrùdaidhean a ruith tron sgrùdadh pannal *ScotPulse*. Leig ceistean cuideam air earbsa a' phobaill agus obair-phoileis rè pandemic Covid-19.

Chaidh ceithir suailean a sgrùdadh eadar an Giblean 2020 agus an Gearran 2021. Bhathar a' rannsachadh còig raointean gu cunbhalach thairis air trì no còrr is trì

Suailean. Bha iad seo co-cheangailte ri:

- Dè cho math 's a bha an obair-phoileis san sgìre ionadail?
- Beachdan mu na h-ìrean de phoileas an làthair ann an sgìrean an luchd-freagairt
- Earbsa sa phoileas a thaobh freagairt agus dèiligeadh ri tachartasan.
- Beachdan mun dòigh sa bheil am poileas a' làimhseachadh glasadh Covid-19
- Beachdan mu lìbhrigeadh Sanasan-peanais Suidhichte airson briseadh riaghailtean Covid-19

Bha na trì raointean toisich nan leth-bhreac de cheistean ann an Sgrùdadh Eucoir is Ceartas na h-Alba 2019/20 (SCJS)<sup>1</sup>, agus bha leth-

### Adhbhar

Tha am prionnsabal a thaobh "obair-phoileis air leas a' phobaill" na phàirt bhunaiteach de dhòigh-stiùiridh an Ùghdarras air obair-phoileis ann an Alba. Bha am [Plana Corporra 2020-23](#) aig an Ùghdarras suidhichte air lèirsinn de Obair-phoileis air leas a' phobaill sam bithear a' liubhairt sreath de thoraidhean ro-innleachdail.

Chaidh an sreath seo de dhuilleagan-fiosrachaidh, a tha ag amas air a bhith furasta a chleachdadh leis a' phoball, a dheasachadh gus tuigse dhomhainn a thoirt air na tha muinntir na h-Alba ag ràdh mun t-seirbheis poileis aca. Airson tuilleadh leughaidh, dh'fhoillsich Ùghdarras Poileas na h-Alba raon de stuthan dàimheach a thèid a chomharrachadh le ceanglaichean riutha aig deireadh na sgrìobhainn seo.

<sup>1</sup> Riaghaltas na h-Alba (2021). [Sgrùdadh Eucoir is Ceartas na h-Alba 2019/20: Prìomh-thoraidhean](#).

bhreact den chiad raon ann an Sgrùdadh-fòna Creineachdainn na h-Alba 2020.<sup>2</sup>

Ged nach gabh coimeas dìreach a dhèanamh ri linn nam modhan sgrùdaidh eadar-dhealaichte, bheir seo fios coitcheann mu dè cho earbsach 's a tha na toraidhean.

## Carson a nithear sgrùdadh earbsa a' phobaill?

'S e an t-Ùghdarras am buidheann riaghlaidh is stiùiridh airson obair-phoileis ann an Alba. Rè pandemic Covid-19, tha sgrùdaidhean neo-eisimeileach mu earbsa a' phobaill air a bhith deatamach airson fios a thoirt do stiùireadh Poileas Alba aig àm san do mheudaich cumhachdan a' phoileis 's na h-iarrtasan air obair-phoileis gu mòr.

## Prìomh-thoraidhean


### Beachdan mu dhèanadas a' phoileis

Shaoil a' mhòr-chuid de luchd-freagairt gun robh am poileas san sgìre aca a' dèanamh obair 'Glè Mhath/Math'. (faic Figear 1). Tha na h-ìrean seo rud beag nas lugha na SCJS 2019/20 (55%) agus SVTS 2020 (60%).

'S fhiach toirt fa-near gun do mheudaich beachdan fàbharach mu obair-phoileis ann an Suaile 2 bho 42% gu 48% ann an Suaile 4. Thàinig maille air beachdan neo-fhàbharach bho Shuaile 2 air adhart aig 10%, is lùghdaich ìrean 'Chan eil fhios agam' bho 33% gu 15% ann an Suaile 4.

'S dòcha gun do nochd ìre nas àirde de fhreagairtean 'Chan eil fhios agam' ann an Suaile 2 ri linn fèin-dìonaidh bhuain, fèin-aonranachadh is crìoch-ama air caidreabh 's co-luadair agus fàgail an taighe.

**Figear 1: Am Poileas san Sgìre Ionadail**




### Beachdan mu làthaireachd a' phoileis

Ann an Suailean 1 agus 2, shaoil a' mhòr-chuid de luchd-freagairt gun robh ìre làthaireachd a' phoileis 'Ceart gu leòr'; dh'atharraich seo gu 'Chan eil gu leòr' ann an Suailean 3 agus 4 (faic Figear 2).

<sup>2</sup> Riaghaltas na h-Alba (2021). [Sgrùdadh-fòna Creineachdainn na h-Alba 2020: Prìomh-thoraidhean.](#)

Dh'èirich a' chuid de fhreagairtean 'Chan eil gu leòr' gu rèidh bho 36% ann an Suaile 2 gu 46% ann an Suaile 4. Lùghdaich 'Ceart gu leòr' bho 44% gu 33% eadar Suailean 1 agus 3, mus do dh'èirich e ann an Suaile 4 gu 38%.

**Figear 2: Làthaireachd Poileis Sgìreil (%)**



### Beachdan mu làimhseachadh a' ghlaisidh leis a' phoileas


Eadar Suailean 1 agus 3, chuir a' mhòr-chuid de luchd-freagairt an làn-taic ris an dòigh a làimhsich am poileas an glasadh, bho 42% gu 46%.

Ann an Suaile 4, dh'atharraich seo nuair a shaoil a' mhòr-chuid gum bu chòir don poileas a bhith nas treasa airson gèilleadh a' phobail a chinnteachadh (39%) (faic Figear 3).

Bha feadhainn ann a bha taiceil do dhòigh-obrach a' phoileis ach shaoil eadar 8% is 17% gun robh iad uaireannan a' dol thar na còrach.

Shaoil eadar 1% agus 4% gun robh cus làmhachas-làidir anns an dòigh-obrach, agus shaoil 2% gu 7% nach bu chòir dleastanas sam bith a bhith air a' phoileas airson glasadh Covid-19 a thoirt gu buil.

**Figear 3: Làimhseachadh a' ghlaisidh leis a' phoileas (%)**




### Earbsa ann an obair-phoileis – A' freagairt gu sgiobalta

Thairis air na Suailean, tha a' mhòr-chuid air a bhith 'Gu math misneachail/misneachail gu ìre' ann an comas a' phoileis air freagairt gu sgiobalta (faic Figear 4).

Tha a' chuid seo air lùghdachadh thairis air na Suailean bho 68% ann an Suaile 1 gu 59% ann an Suailean 2 agus 4. Gidheadh, tha an ìre seo coltach ri SCJS 2019/20 (64%) fhathast.

Tha freagairtean 'Chan eil glè mhisneachail/chan eil idir' air èirigh bho 20% ann an Suaile 1 gu 29% ann an Suaile 4.

**Figear 4: A' freagairt gu sgiobalta (%)**




### Earbsa ann an obair-phoileis – Dèiligeadh ri tachartasan

Shaoil a' mhòr-chuid thairis air na Suailean 'Gu math misneachail/misneachail gu ìre' ann an comas a' phoileis dèiligeadh ri tachartasan mar a bhiodh iad ag èirigh (faic Figear 5).

Coltach ri 'A' freagairt gu sgiobalta', lùghdaich a' chuid thairis air na Suailean bho 70% ann an Suaile 1 gu 60% ann an Suaile 4. A-rithist ge-tà, tha seo coltach ri ìrean ann an SCJS 2019/20 (64%).

Aig an aon àm, mheudaich 'Chan eil glè mhisneachail/chan eil idir' bho 19% gu 29%.

**Figear 5: Dèiligeadh ri tachartasan (%)**




### Beachdan mu libhrigeadh Shanasan-peanais Suidhichte

Thairis air na Suailean, bha a' mhòr-chuid de luchd-freagairt 'Gu math cofhurtail/cofhurtail gu ìre' le libhrigeadh Shanasan-peanais Suidhichte leis a' phoileas do dhaoine a bha a' briseadh riaghailtean glasaidd Covid-19 (faic Figear 6).

Bha rud beag de chaochladh sna h-ìrean, ag èirigh bho 85% ann an Suaile 1 gu 87% ann an Suaile 2 agus a' cromadh gu 81% ann an Suaile 4.

Aig an aon àm, dh'fhan ìrean de dhaoine a bha 'Mì-chofhurtail gu ìre/Glè mhì-chofhurtail' ìosal, a' lùghdachadh bho 12% ann an Suaile 1 gu 10% ann an Suaile 2, 's ag èirigh gu 15% ann an Suaile 4.

**Figear 6: Sanas-peanais Suidhichte (%)**



sùil air làrach-lìn Ùghdarras Poileas na h-Alba far an urrainn dhut pàipearan fhaighinn agus coimhead air deasbadaan comataidh air an sruthadh beò, agus lean rinn air Twitter:

@ScotPolAuth @policescotland

Ceann-là foillseachaidh: Dàmhair 2021

## Sùil air adhart

Leanaidh an t-Ùghdarras ag anailiseadh an fhiosrachaidh bho na ceithir Suailean agus a' toirt brathan-ullachaidh, le aire gheur air anailis dheamografach (m.e. aois, gnè, msaa.) is tìreil.

Comharraichear raointean anailis a bharrachd cuideachd le bhith ag obrachadh còmhla ri Bòrd-riaghlaidh Earbsa a' Phobaill agus Buidheann-comhairleachaidh Neo-eisimeileachaig Poileas Alba.

## Tuilleadh leughaidh

[Stiùireadh obair-phoileis Covid-19 ann an Alba.](#)

## A' cumail cluas ri claisneachd

Gus cumail suas ri ar n-obair, cùm